

1 RO-RÀDH

1.1 A' Choimhearsnachd

Tha Gearrloch¹ na pharraiste air cost an iar Siorrachd Rois²; tha i suidhichte eadar sgìre na Comraich³ gu deas, sgìre Loch Bhraoin⁴ gu tuath agus sgìre Chunndainn⁵ gun ear. The sgìre Ghearrloch fhèin deich mìle fichead a dh'fhad (bhon iar gun ear) agus còig mìle deug a leud (bho dheas gu tuath); tha i a' ruighinn bho thaobh a-tuath Loch Thoirbheartain⁶ aig ceann a deas na sgìre gu Loch a' Chamais Ghainmhich⁷ aig a ceann a-tuath.

Tha a' mhòr chuid de shluagh na sgìre a' fuireach anns na bailtean ('bailtean croitearachd', ged nach eil àite ro mhòr aig croitearachd ann an eaconamaidh na sgìre an diugh) a gheibhear an cois na mara: air dà thaobh Loch Ghearrloch⁸; air dà thaobh Loch Iù⁹; agus air taobh an iar agus taobh a deas Loch a' Chamais Ghainmhich. A bharrachd air an seo, tha baile beag, Ceann Loch Iù¹⁰, suidhichte aig ceann an loch fhìor-uisge ris an canar Loch Ma-Ruibhe¹¹ ('s e Ceann Loch Iù a theirear ris a' bhaile air sgàth adhbharan eachdraidheil; faic am beachdachadh ann an Wentworth 1999: ainm 114, ttd. 3-4). Tha an còrr den sgìre na mhonadh no na bheanntaichean, gun ach àireamh ghlè bheag de shluagh a' còmhnaidh ann.

¹ riochd bunasach air fhuaimneachadh [g̊ʲɑ·.l̥ʲɔx] /k'ɑ:RLɔx/ no [g̊ʲɑ.l̥ʲɔx] /k'ɑ:Lɔx/; sa Bheurla 'GAIRLOCH'

² /s'irɔxk 'rɔs'/; B 'ROSS-SHIRE'

³ riochd bun. /x 'xomʲɾix'/, gin. /nʲ 'kʰomʲɾix'/; B 'APPLECROSS'

⁴ /lɔx 'vrũ:n'/; B 'LOCH BROOM'

⁵ bun. /kʰũ:ntin'/, ginn. /xũ:ntin'/; B 'CONTIN'

⁶ /lɔx 'hɿɾ'ɿ.ɾrtan/; B 'LOCH TORRIDON'

⁷ /lɔx ɾ xamʲs 'ɣiãɲɿ.ix'/; B 'GRUINARD BAY'

⁸ /lɔx 'ɣ'ɑ:lɔx/; B 'LOCH GAIRLOCH'

⁹ /lɔx 'ju:/; B 'LOCH EWE'

¹⁰ /kʰ[ɛu]N lɔx 'ju:/, /kʰɛ lɔx 'u:/; B 'KINLOCHEWE'

¹¹ /lɔx mʲ 'ri.i/; B 'LOCH MAREE'

Tha a' Ghàidhlig glè lag ann an Gearrloch an diugh. Fon Sgèile Rangaichte de Bhriseadh Eadar-ghinealaich aig Fishman (1991 : 87-109), is dòcha gum feumar staid a' chàinain san sgìre a chatagarachadh¹² mar Ìre 8 :

‘Stage 8 on the GIDS (Graded Intergenerational Disruption Scale) : most vestigial users of [the minority language or dialect] are socially isolated old folks and [the minority language or dialect] needs to be re-assembled from their mouths and memories and taught to demographically unconcentrated adults’ (*op. cit.* 88).

Ann a bhith a' beachdachadh air suidheachadh mar seo a thaobh càinain tha Baker (1993 : 58) a' sgrìobhadh :

‘[Fishman’s] Stage 8 represents the “worst case” for a language. A few of the older generation will still be able to speak the language but probably not to each other because they are socially isolated. The few remaining speakers of a language are scattered such that minority language interaction is rarely possible. At this stage it is seen as important that folklorists and linguists collect as much information as they can from these few survivors of the language community. The folk-tales and sayings, grammar and vocabulary, need to be collected on tape and paper as a permanent record of that language. Since the language building is in ruins and the foundations have crumbled, can anything be done to save the language? The one ray of hope is that the records of the language can be used by a younger generation to revive the language. With Australian Aboriginal languages and Cornish in England, this has been attempted. Thus the remnants of the foundations can be reused to start to reconstruct the language’.

Tha e iongantach cho goirid agus a tha an ùine san do thachair an lagachadh seo sa chànan, oir bha a' Ghàidhlig fhathast mar phrìomh mheadhan conaltraidh, chan ann a-mhàin eadar inbhich, ach fiù 's eadar clann agus an ginealach a bu shine, sna bailtean croitearachd an Gearrloch gu ruige àm an dara cogaidh. Mar eisimpleir air a' choimhearsnachd Ghàidhlig seo, thubhairt fear den luchd-fhiosrachaidh agam, Ruairidh MacCoinnich (RMC, fear a bha na neach-cloinne sna 1940n agus aig toiseach nan 1950n ann am Mealabhaig air taobh a-tuath Loch Gheàrrloch)

¹² categorise

rium : ‘*Bha sinne air na cuairteachdainn leis a’ Ghàidhlig dar a bha sinn nana cloinn*’ (/va ,s’ ĩN’ er’ nŕ ‘k^huŕjRstɔxkiN’ l’es’ ŕ ‘ɣa:l’ik’ tŕŕ ŕ ,va s’ ĩN’ nanŕ ‘k^hLŕi]N’/, sa bhun-tomhas ‘bha sinn air ar cuairteachadh leis a’ Ghàidhlig an uair a bha sinn nar cloinn’). An uair sin b’ i a’ Ghàidhlig fhathast cànan na dachaigh, agus ’s i a bhitheadh daoine a’ cleachdadh am measg a chèile ann an suidhichidhean sòisealta agus a thaobh obrach. Gu dearbh, a rèir na chaidh innse dhomh cha robhar a’ cleachdadh na Beurla, a thaobh bruidhne, ach ann an suidhichidhean foghlaim agus ann an gnothaichean oifigeil a-mhàin; air an làimh eile ’s e a’ Bheurla a bhitheadh aig daoine air fad airson leughaidh (saor on Bhioball agus bho chuid de leabhraichean cràbhaidh) is sgrìobhaidh, fiù ’s ann a bhith a’ sgrìobhadh litrichean pearsanta.

’S ann tro dheichead nan 1950n a sguir pàrantan an sgìre Gheàrrloch, a rèir coltais, a bhith a’ bruidhinn Gàidhlig sa chumantas rin cuid chloinne, agus dh’fhàg seo gur tearc a gheibhear neach san sgìre a rugadh an dèidh meadhan nan 1950n aig a bheil fileantachd sa Ghàidhlig, no fiù ’s beagan comais innte. An uair a thàinig am briseadh ann an cleachdadh eadar-ghinealaich air a’ Ghàidhlig ’s e feinimean¹³ glè obann a bha ann; gheibhear teaghlaichean san sgìre far a bheil Gàidhlig fhileanta, a thaobh an dà chuid èisteachd is labhairt, aig a’ chloinn as sine, ach far a bheil a’ chlann as òige nan dà-chànanaich-èisteachd¹⁴ a-mhàin.

Mar phàirt den ghluasad a thaobh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, chaidh Aonad Gàidhlig (aonad teagaisg san sgoil far a bheil a’ chlann gan oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig) a stèidheachadh ann am Bun-sgoil Gheàrrloch ann an 1990. Ach feumar a ràdh, gu ìre mhòr, gur e a’ chlann aig daoine rinn in-imrich¹⁵ don sgìre a bu mhotha a tha air an t-aonad a fhrithealadh san dusan bliadhna on uair sin; chan eil an àireamh de chloinn aig muinntir na sgìre fhèin (i.e. aig pàrantan a rugadh iad fhèin an sgìre Gheàrrloch) a chaidh don Aonad ach beag. Is dòcha gur e am mì-rùn a chaidh a nochdadh don Aonad le Ceann-sgoile na Bun-sgoile tro na bliadhnachan as coireach am pàirt ris an seo. Eadar cion taice bho mhuinntir na sgìre, agus gur e tidsearan bho sgìrean eile no a bha nan luchd-ionnsachaidh a bu mhotha a tha air a bhith a’ teagasg aig an

¹³ phenomenon

¹⁴ receptive bilinguals

Aonad, tuigear nach eil coltas ann gum bi buaidh mhòr sam bith aig an Aonad Ghàidhlig a thaobh dualchainnt na sgìre a chumail air mhaireann.

San tràchdas seo thèid dèiligeadh ris an dualchainnt (no ris an fho-dhualchainnt¹⁶) a chluinnear air dà thaobh Loch Gheàrrloch, aig ceann a deas na sgìre ; gu sònraichte mar gheibhear i ann am Mealabhaig¹⁷, baile croitearachd air taobh a tuath Loch Gheàrrloch, agus ann an Eàrradal a Deas¹⁸, anns Na h-Òbainean¹⁹ agus ann am Portaigil²⁰, bailtean air taobh a deas Loch Gheàrrloch a tha mu mhìle bho chèile. Airson tuairisgeil air eadar-dhealachaidean eadar an dualchainnt seo agus dualchainnt an Uillt Bheatha²¹ aig ceann a-tuath sgìre Gheàrrloch faic Borgstrøm 1941 : § 164, td. 142.

1.2 Luchd-fiosrachaidh

Bha dithis phrìomh luchd-fhiosrachaidh agam, CNC agus RMC, bhon d'fhuaras a' mhòr chuid den adhbharrach san tràchdas seo. Rinneadh feum cuideachd, ach gu ìre mòran nas lugha, de dh'fhiosrachadh bhon dithis dhaoine eile air a bheil iomradh shìos. Tha (no, a thaobh IMC, bha) an luchd-fiosrachaidh air fad làn fhileanta sa Bheurla ; gu ìre 's e Beurla Bhun-tomhasach Albannach²² a tha aca, le àireimh bhig de fhaclan bho Bheurla Ghallda²³ na measg, ach tha mi am barail gu bheil an in-tònachd a tha aca air an t-seantans nam Beurla air a mion-atharrachadh a dh'ionnsaidh na tè a gheibhear nan dualchainnt Ghàidhlig²⁴. Tha e sònraichte cuideachd gu bheil fuaimreagan gun bheum, ann an cuid de dh'fhaclan Beurla, buailteach a bhith air am fuaimneachadh le timbre for-iomallach²⁵ agus chan ann leis an timbre as meadhanail a

¹⁵ in-migration

¹⁶ sub-dialect

¹⁷ bun. /mɛ̃Lʁvɑk/ ; B 'MELVAIG'

¹⁸ 's e Eàrradal Shuas a their muinntir Gheàrrloch ris a' bhaile seo sa chumantas, bun. /jɑːRʁtʁl hɪuʁjʁs/ ; B 'SOUTH ERRADALE'

¹⁹ /nɔ̃ 'hɔːpɪnɔ̃/ ; B 'OPINAN'

²⁰ bun. /pʰɔ̃rstik'ɪl/ ; B 'PORTHENDERSON'

²¹ bun. /ʁ dʰɑltʰ 'pɛhʁ/, gin. /ʁ NUL'tʰ 'vɛhʁ/ ; B 'AULTBEA'

²² Scottish Standard English ; faic Giegerich 1992 : 45-7, 53-7

²³ Scots

²⁴ their sentence intonation in English is adapted towards that of their Gaelic dialect

²⁵ peripheral

chluinnear orra ann am Beurla Bhun-tomhasaich Albannaich²⁶; saoilidh mi gur e fuaimneachadh-leughaidh as coireach ris an seo am pàirt, ach dh'fhaodadh e a bhith gu bheil buaidh aig an t-siostam de dh'fhuaimreagan gun bheum a gheibhear ann an dualchainnt Ghàidhlig Gheàrrloch (faic § 7) air a' chùis cuideachd.

'S iad an luchd-fiosrachaidh :

(1) Ceat NicCoinnich (CNC), 2 Na h-Òbainean²⁷. Rugadh Ceat ann an 2 Na h-Òbainean ann an 1929, agus tha i air fad a beatha a chur seachad an sin. Rugadh a h-athair, Iain MacCoinnich²⁸ (Seonaidh Dhòmhnail Thormoid) anns an Rubha Dhearg²⁹ (air taobh a deas Loch Gheàrrloch, trì mìle bho Na h-Obainean) agus thàinig e a dh'fhuireach sna h-Òbainean an uair a bha e na dhuine òg. Rugadh màthair Ceat, Barbal Nic a' Phearsain³⁰ (Babag 'An Ruaidh), anns Na h-Òbainean. Tha Ceat na neach-leanmhainn ann an Eaglais Shaor na h-Alba³¹.

Tha Ceat NicCoinnich fìor choileanta ann an dualchainnt Ghàidhlig Gheàrrloch; aig an aon àm tha i cleachdte ri bhith a' cluinntinn dhualchainntean eile agus Gàidhlig 'bhun-tomhasach' (air an rèidio agus tro bhith ag èisteachd ri ministearan na h-eaglaise), agus tha i glè mhothachail a thaobh eadar-dhealachaidhean eadar dualchainnt Gl. agus dualchainntean eile. Chaidh a h-àrach ann an teaghlach aig an robh e mar chleachdadh a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig ri chèile; a bharrachd air an sin bidh e coltach gur e slugh a bha annta aig an robh ìre àrd de dh'fhileantachd air a' chànan.

Tha an t-altachadh aig Ceat soilleir. Bha i a' tuigsinn glè mhath gur iad fuaimneachaidhean a bhuineadh don dualchainnt aice a bha a dhìth orm an nuair a bhithinn ag obair còmhla rithe, agus bhitheadh i tric ag innse gur iad riochdan den t-seòrsa sin a bha i a' toirt dhomh. Bha i

²⁶ unstressed vowels in some English words are liable to be pronounced with a peripheral timbre rather than the more central timbre one hears in them in Scottish Standard English

²⁷ Miss Catherine Mackenzie, 2 Opinan

²⁸ Mr John Mackenzie

²⁹ bun. /ɣ ru.u 't'ɛɛɛk/, B 'REDPOINT'

³⁰ Annabella MacPherson

³¹ an adherent of the Free Church of Scotland

cuideachd foighidneach, agus glè dheònach beachdachadh a dhèanamh air cuspairean a leithid diofar fhuaimneachaidhean a chluinnear air faclan agus air teasgain³² am measg luchd-bruidhne na dualchainnt, agus an t-altachadh agus an gluasad altachail³³ a bhitheadh aice na fhuaimneachaidhean fhèin. Tha cuimhne aice cuideachd air riochdan a bhitheadh aig a pàrantan agus aig daoine eile a bhuineadh do ghinealach a pàrantan, riochdan a chaidh à bith san dualchainnt bhon uair sin agus nach eil i fhèin a' cleachdadh na cainnt san latha an diugh.

(2) Ruairidh MacCoinnich (RMC), 18 Portaigil³⁴. Dh'àraicheadh Ruairidh ann an àir. 11 Mealabhaig ann an 1940, agus bha e a' fuireach an sin gus an do phòs e, an uair a chaidh e a chòmhnaidh ann an 18 Portaigil. Bhuineadh athair, Coinneach MacCoinnich³⁵ (Coinneach Uilleam Ruairidh) agus a mhàthair, Peigi NicAsgail³⁶ (Peigi Mhurcha Dhòmhnail) le chèile do Mhealabhaig. 'S ann à Mealabhaig a bha dà sheanair is dà sheanmhair Ruairidh cuideachd. Tha Ruairidh na dheucan ann an Eaglais Shaor na h-Alba.

Tha Ruairidh làn fhileanta air dualchainnt Gheàrrloch, agus tha altachadh soilleir aige. Coltach ri CNC, bha fios aig Ruairidh gur iad riochdan a bhuineadh do dhualchainnt (no do dh'fho-dhualchainnt) Mhealabhaig a bha a dhìth orm. Tha ùidh mhòr aig Ruairidh sa Ghàidhlig agus gu sònraichte na dhualchainnt fhèin, agus thug e iomadh nì àraidh gu m' aire a thaobh a' chaochlaidh fhuaimneachaidhean a chluinnear air faclan agus air teasgain ann an sgìre Gheàrrloch. Bha esan cuideachd deònach a bhith beachdachadh air an altachadh a bhitheadh aige na fhuaimneachaidhean. Tha cuimhne mhath aige air riochdan a chluinneadh e aig athair, neach aig an robh fìor dheagh Ghàidhlig na sgìre, am beachd Ruairidh.

(3) Eachainn MacCoinnich (EMC) Eàrradal a Tuath³⁷, (Eachainn Mhurchaidh Chaoil). Rugadh Eachainn ann an Eàrradal a Deas ann an 1933, agus bha e a' fuireach ann an Eàrradal a Deas

³² segments

³³ articulations and articulatory gestures

³⁴ Mr Roderick MacKenzie, 18 Porthenderson

³⁵ Kenneth Mackenzie

³⁶ Margaret Macaskill

³⁷ Mr Hector Mackenzie, North Erradale

cuid mhòr de bheatha. 'S ann à Eàrradal a Deas a bha athair, Murchadh MacCoinnich³⁸ (Murchadh Iain a' Bhreabadair, Murchadh Caol). Bha a mhàthair Grace NicIomhair³⁹ à Poll Iù⁴⁰. Tha Eachainn na shearmonaiche⁴¹ ann an Eaglais na h-Alba.

Bha na daoine dom buineadh Eachainn taobh athar ainmeil san sgìre airson a bhith ri bàrdachd ; bha bràthair athar, Uilleam, na bhàrd sonraichte mhath. A bharrachd air fhileantachd fhèin air an dualchainnt, tha cuimhne mhath aig Eachainn air riochdan a chluinneadh e aig na daoine seo. Bha am fios a fhuair mi bho Eachainn gu h-àraidh cuideachail dhomh ann a bhith ag aithneachadh dè na riochdan aig CNC a bha samhlauchail do dh'fho-dhualchainnt taobh a deas Gheàrrloch, agus dè na riochdan aice a bha leitheas-chainnteach⁴².

(4) Iain MacCoinnich (IMC) nach maireann, 25 Eàrradal a Deas⁴³. Rugadh Iain aig 26 Eàrradal a Deas ann an 1906. Chaidh àrach le piuthar athar, Peigi, aig 25 Eàrradal a Deas, agus bha e a' fuireach an sin gus an do chaochail e ann an 1983. Bha athair Iain, Uilleam MacCoinnich⁴⁴ (Uilleam an Dròbhair) à Eàrradal a Deas, agus 's ann às an sin a bha a mhàthair, Anna bean MhicCoinnich (a rugadh na NicCoinnich)⁴⁵, cuideachd. Bha Iain na chroitear fad a bheatha, agus na neach-leanmhainn ann an Eaglais Shaor na h-Alba.

Gu mì-fhortanach chan eil na notaichean a ghabh mi bhon chainnt aig Iain MacCoinnich làn cheart no neo-mhearachdach, ach tha an t-adhbharrach a fhuaras bhuaidhe feumail, saoilidh mi, a thaobh riochdan agus nithean leicseachail⁴⁶ a bhitheadh aig a' ghinealach a bha na bu shine na CNC, RMC agus EMC. San dol seachad, dh'innis Iain MacCoinnich dhomh gu robh e air an fheadhainn ris an do bhruidhnich Carl Borgstrøm an uair a bha an sàr chànanaiche ud ri obair-

³⁸ Mr Murdo Mackenzie

³⁹ Grace Maciver

⁴⁰ Poolewe

⁴¹ lay preacher

⁴² which of CNC's forms were typical of the sub-dialect of the south side of Loch Gairloch, and which are idiolectal

⁴³ the late Mr John Mackenzie, 25 South Erradale

⁴⁴ William Mackenzie

⁴⁵ Mrs Ann Mackenzie (née Mackenzie)

⁴⁶ lexical items

làraich⁴⁷ ann an taobh a deas Loch Gheàrrloch ann an 1938, ged as ann bho dhaoine san Rubha Dhearg a fhuair Boprgstrøm a' mhòr chuid de adhbharrach (Borgstrøm 1941 : 65).

1.3 Obair-làraich⁴⁸

Sgrìobh Carl Borgstrøm monagraf air fòn-eòlas agus morf-eòlas Gàidhlig Gheàrrloch, mar a chuala e san Rubha Dhearg air taobh a deas Loch Gheàrrloch i, agus gheibhear seo ann am Borgstrøm 1941, san earrainn *Dialects of Ross-shire*, gu sònraichte ttd. 66-122, 134-151. A thaobh fiùghantas an tuairisgeil a thug Borgstrøm air an dualchainnt, chan urrainnear ach làn aonta a thoirt don bheachd aig Hamp :

‘of Borgstrøm I can say that his his work represents for me one of the peaks in all our descriptive linguistic literature of brilliance, accuracy, meticulousness, clarity, consistency, and imaginative perception in a thicket of bewildering new data ; as I reread him ... I can only marvel admiringly’ (Hamp 1988 : 7).

Is tric is minig a ghabh mi fhìn iongantas cuideachd ann a bhith a’ foghlam na h-obrach mhiorbhailtich a rinn Borgstrøm na mhonagraf, obair a bha e comasach dha a dhèanamh an dèidh dha bhith a’ fuireach ceala-deug a-mhàin san Rubha Dhearg.

Thagh mi dualchainnt Gheàrrloch mar chuspair rannsachaidh seach gur ann air taobh a deas Loch Gheàrrloch a tha an dachaigh agam ; dh’ionnsaich mi Gàidhlig an àite gu ìre de dh’fhileantachd aig toiseach nan 1970n, agus tha mi air a bhith ga bruidhinn ri muinntir na sgìre aig a bheil an cànan bhon uair sin. Mar sin bha e gu ìre furasta dhomh tomhas mòr de dh’adhbharrach a bhuineas don dualchainnt a thional, agus shaoil mi gum bitheadh luach ann a bhith ag oidhirpeachadh air tuairisgeul a thoirt air fòn-eòlais na dualchainnt seo, agus i a-nis gu luath a’ dol à bith. Ach tuigear gu robh faileas mòr Bhorgstrøm na laighe thairis air a h-uile facal a sgrìobh mi, agus tha mi mothachail nach eil san obair agam an seo ach mar gum b’ eadh ‘notaichean-buinn’ do shaothair a’ chànanaiche Nirribhidhich.

⁴⁷ field work

⁴⁸ field work

A bharrachd air an obair aig Borgstrøm, gheibhear dà phuing ann an SDGA a bhuineas do dhualchainnt dhà thaobh Loch Gheàrrloch : puing 121, far an d'fhuaradh fios bho Alastair Watson, Rose Cottage, Bad a' Chrò air taobh a deas an loch ; agus puing 122, le fios bho Marghrad bean MhicIlleathain, a rugadh na Siosalach, 27 Mealabhaig air taobh a tuath an loch. Gheibhear eisimpleirean den h-uile facal a gheibhear ann am Borgstrøm 1941 agus ann an SDGA san tràchdas seo, le àireimh de dh'fhaclan a bharrachd.

Dh'fheuch mi ri eisimpleir den h-uile facal a tha a' nochdadh san tràchdas fhaighinn bho CNC agus bho RMC, an dà chuid ann an co-theacsa nàdarra (ann an cainnt leantainneach⁴⁹) agus mar riochdan luaidhte⁵⁰ ; an uair a bhitheadh diofar riochdan aig CNC agus aig RMC bho chèile tha sin air a chomharrachadh. Cuideachd chaidh ca. 1,500 facal a chlàradh air teip bho RMC (nam measg bha na faclan air fad a gheibhear ann an SGDA) ; bha a' mhòr chuid diubh seo mar riochdan luaidhte.

1.4 Notaireachd agus co-ghnàthsan clò-ghrafachd⁵¹

1.4.1 Notaireachd

Sna tar-sgrìobhaidhean fogharach⁵² (sgrìobhte eadar camagan ceàrnach⁵³ [...]) 's e an Aibidil Fhogharach Eadar-nàiseanta (leasaichte gu 1993)⁵⁴, an IPA, a chaidh a chleachdadh. Chaidh leantainn gu dlùth ris an seo sa chumantas, ach tha am paidhir dhiacraitigea⁵⁵ [,] agus [.] air an cleachdadh ann an dà dhòigh : (a) mar as abhaist san IPA, gus ìre as motha agus as lugha fa leth de chruinne⁵⁶ a chomharrachadh ; agus (b) gus comharrachadh gu bheil consan a' tòiseachadh le guth agus a' fàs dì-ghuthaichte, agus gu bheil consan a' tòiseachadh gun ghuth agus a' fàs guthaichte, fa leth⁵⁷. (Dh'fheuch mi ri dhèanamh soilleir an còmhnaidh cò an dòigh

⁴⁹ in a natural context (in connected speech)

⁵⁰ citation forms

⁵¹ notation and typographical conventions

⁵² phonetic transcriptions

⁵³ square brackets

⁵⁴ International Phonetic Alphabet (revised to 1993)

⁵⁵ diacritics

⁵⁶ a greater and lesser degree respectively of rounding

⁵⁷ to indicate that a consonant starts voiced and becomes voiceless, and that a consonant starts voiceless and becomes voiced, respectively

sa bheil na diacraitigean seo gan cleachdadh aig àm sam bith.) Tha an diacraitig [̲] air a chleachdadh gus ceangal a shealltainn, i.e. gus comharrachadh nach eil briseadh lideach ann.

A thaobh nan tar-sgrìobhaidhean fòineimeach⁵⁸ (sgrìobhte eadar solidi no sgoraidhean⁵⁹ /.../), chaidh an siostam notaireachd aig Oftedal 1956 a' leantainn san fharsaingeachd (faic Oftedal 1956 : 19 airson beachdachaidh air eachdraidh an t-siostaim seo). Tha mi a' cleachdadh shamhlaidhean a tha eadar-dhealaichte ris na gheibhear aig Oftedal do chuid de theasgain (faic §§ 3.1, 3.2). Tha àireamh bheag de dhiofaran eile ann :

- (a) 's e an diacraitig [.] a gheibhear san tràchdas seo airson briseadh eadar-fhuaimreagach eadar lidean⁶⁰ (no 'hiatas') a chomharrachadh (Oftedal 1956 : [-] ; Borgstrøm 1941 : [`]) ;
- (b) chaidh Borgstrøm 1941 a leantainn ann a bhith a' cleachdadh camagan ceàrnach fo-sgrìobhte⁶¹ / [...] / gus comharrachadh gum buin na teasgain taobh a-staigh nan camagan (m.e. dà fhuaimreig a tha a' dèanamh dà-fhoghair, no còmhlán svarabhakti) don aon lide fòn-eolach (le beum)⁶² (Oftedal 1956 : gun samhla don seo). 'S e seo an cleachdadh a gheibhear cuideachd sa chumantas ann an SDGA aig puingeannan 121 agus 122.

Tha mi a' cleachdadh an diacraitig / _ / san tar-sgrìobhadh fhòineimeach gus an sreath de chonsain dhùinte ailbhealach⁶³ a chomharrachadh : / t̲ /, / t̲^h /, / d̲ /, / d̲^h /. (Gheibhear an diacraitig sna tar-sgrìobhaidhean fogharach san dòigh àbhaistich, gus ais-ghluasad⁶⁴ a shealltainn.)

⁵⁸ phonemic transcriptions

⁵⁹ solidi or slashes

⁶⁰ intervocalic syllable break

⁶¹ subscript square brackets

⁶² to indicate that the segments within the brackets (e.g. two vowels forming a diphthong, or a svarabhakti group) belong to the same (stressed) phonological syllable

⁶³ series of alveolar stops

⁶⁴ retraction

1.4.2 Co-ghnàthsan clò-ghrafachd

'S iad na leanas na co-ghnàthsan clò-grafachd a chaidh a chleachdadh :

- facal no faclan ann an clò *eadailteach*
 - = riochdachadh ann an ceart-litreachadh de dh'fhacal (luaidhte bho dhualchainnt Ghearrloch) a gheibhear gu neo-mheadhanach roimhe ann an tar-sgrìobhadh fogharach no fòneimeach⁶⁵, m.e. : /apix'/ *abaich* br. Uaireannan thèid am facal a riochdachadh le litreachadh nach fhaighear anns na faclairean Gàidhlig, m.e. : /αLT^hɔxkɔN'/ *altachdainn* ainr. ; /ɿαLα_ɿxαk/ *alchag* ainr.
- facal no faclan ann an clò **tróm** (a thuilleadh air tiotail no cinn pharagraif)
 - = freumh-fhacal (a thathar a moladh)⁶⁶, sa chumantas facal an Seann Ghàidhlig (SG), am Meadhan-Ghàidhlig (MG), an Nuadh-Ghàidhlig Thràthail (NGT), an Seann Lochlainnis (SL), am Beurla na h-Alba (BA) no am Beurla 'bhun-tomhasaich' (B). Eisimpleirean : /apix'/ *abaich* br., SG **apaig** ; /aran/ *aran* ainr., MG **arán** ; /fjuxir'/ *fiuchair* br. ('ACTIVE, NIMBLE'), NGT **fiuchair** 'keen, ardent' (DIL s.v.) ; /Nǎ:pi/ *nàbaidh* ainr., SL **nábúi** ; /flanin/ *flanain* ainr., BA **flannen** ; /pakɔ/ *baga* ainr., B **bag**.
- facal no faclan ann an CEANN-LITRICHEAN BEAGA⁶⁷
 - = mìneachadh Beurla air facal no abairt bho dhualchainnt Ghearrloch, m.e. /ɿαLα_ɿxαk/ *alchag* ainr. ('CHOPPING-BLOCK FOR WOOD'); /Lǎγɔ/ *langa* ainr. ('LING', *Molva molva*) SL **langa** ; /pat^hɔr/ *batar* ainr. ('STARCHINESS') BA **batter** ; /xũNɔ s'í 'N' ʃs/ *chunna si' nios* ('YOU SAW A WEASEL').

⁶⁵ orthographical representation of an immediately preceding word (cited from the Gairloch dialect) in phonetic or phonemic transcription

⁶⁶ (suggested) etymon

⁶⁷ small capitals

- ‘...’ (i.e. facal no faclan, ann am Beurla, an Gàidhlig, no an cànan eile, eadar comharraidhean às-aithrise⁶⁸
 - = (a) às-aithris bho ùghdar eile⁶⁹ ; no
 - = (b) facal no abairt luaidhte air adhbhar eile seach mar thar-sgrìobhadh ceart-litreachaidh, mar fhreumh-fhacal no mar eadar-theangachadh Beurla air facal no air abairt bho dhualchainnt Gheàrrloch⁷⁰. Eisimpleirean :
 - (i) gus facal no riochd ‘bun-tomhasach’ ann an Gàidhlig na h-Alba a chomharrachadh (tha mi mothachail nach eil fìor bhun-tomhas stèidhichte againn ann an Gàidhlig na h-Alba) : /ɑltʰɔxkʸNˈ/ *altachdainn* ainr. (‘GRACE AT MEALS’) bt. ‘altachadh’.
 - (ii) gus mìneachadh Gàidhlig a dhèanamh air facal bho dhualchainnt Gheàrrloch : /f ɛNˈu/ *fainneamh* agr., bt. ‘fannadh’ (‘iomramh gus bàta a chumail os cionn an aon ghrunn’).
 - (ii) le faclan a tha luaidhte air sgàth coimeas eachdraidheil a dhèanamh⁷¹ : /f̥iuxirˈ/ *fiuchair* br. (‘ACTIVE, NIMBLE’), NGT **fiuchair** ‘keen, ardent’ (DIL s.v.), cf. cuideachd NGE ‘feochair’, ‘fiuchair’ (Dinneen s.v. ‘feochair’).
- (a) no (e) aig deireadh facail Ghàidhlig bho dhualchainnt Gheàrrloch
 - = schwa às-tuislidh⁷², m.e. /pɑ:tʰ(ʸ)/ *bàt(a)* ainr. ; /ɑ:tʰ(ʸ)/ *àit(e)* ainr.

Faodar a ràdh cuideachd gu bheil na notaichean-buinn an seo gan cleachdadh ann an dòigh shònraichte. Seach gur ann sa Ghàidhlig a tha an tràchdas sgrìobhte, agus mar sin gum faighear tomhas mòr de bhriathrachas ann air nach eil daoine eòlach, shaoil mi gum biodh e cuideachail notaichean-buinn a chur gu feum gus eadar-theangachadh Beurla a thoirt air cuid de dh’fhaclan agus de dh’abairtean Gàidhlig a gheibhear sa mhìneachadh agus a bhitheadh doirbh, mur b’ e sin, a thuigsinn. (Gun teagamh, tha seo a’ fàgail gu feumte adhbharrach a bhitheadh gu h-àbhaisteach ga chur an cèill ann an notaichean-buinn a thoirt a-staigh do chridhe na

⁶⁸ quotation marks

⁶⁹ quotation from another author

⁷⁰ word or phrase cited for reason other than as orthographical transcription, as etymon or as English translation of a word or phrase from the Gairloch dialect

⁷¹ with words cited for the purpose of historical comparison

⁷² caducous schwa

sgriobhainne.) Bheirear an aire gu bheil cuid de na notaichean-buinn a' nochdadh air an duilleig a tha a' leantainn na tè air am faighear an nì air a bheil iad a' toirt iomradh ; bidh e coltach gur e meang ann am Microsoft Word a tha seo, agus cha do lorg mi dòigh air stad a chuir air bho bhith a' tachairt.

1.5 Prionnsabail fon Tuairisgeul⁷³

1.5.1 Bidh e soilleir gu bheil an tuairisgeul a gheibhear an seo air dualchainnt Ghàidhlig Gheàrrloch a' leantainn gu dlùth ris an obair aig Oftedal air Gàidhlig Liùrboist (Oftedal 1956, sam faighear earrainnean air fòn-eòlas, morfa-fòn-eòlas agus morf-eòlas) a thaobh an òrduigh agus an rian a tha air. Tha e a' gabhail a-steach fòn-eòlais agus morfa-fòn-eòlais (agus earrainn ghoirid air iosaglosan), ach chan eil àite air a thoirt an seo do mhorf-eòlas no do cho-rèir⁷⁴. Tha na prionnsabail fon tuairisgeul, cuideachd, gu ìre mhòr mar a tha Oftedal a' cur an cèill (Oftedal 1956 : 19-24) ; gu sònraichte, gheibhear cunntas an dà chuid sioncronach agus diacronach (ach gun an dà anailis, tha mi an dòchas, a bhith a' cur bacaidh air a chèile). Tha an tèiridh fhòn-eòlach a thèid a chleachdadh an seo san fharsaingeachd mar a tha Oftedal a' cur an cèill (1956 : 21-4), ach rinneadh feum a bharrachd den tuairisgeul agus de na beachdachaidhean a gheibhear ann an Lass 1984.

1.5.2 Tha am facal 'tar-iathadh' an seo air a chleachdadh san dòigh 's a tha Oftedal a' cur a' bhriathair 'overlapping' gu feum, i.e. mar iomlaid neo-eadar-sgarach⁷⁵ eadar fòineimean a tha, air mhodh eile, eadar-sgarach (*cf.* Oftedal 1956 : § 15, td. 23), m.e. /pɛhɣ/ agus /pɛhɣ/ *beithe* ainr. ('BIRCH') ; /RONɔk/ agus /RŭNɔk/ *rionnag* ainr. ('A STAR').

1.5.3 Thugadh oidhirp sna h-earrainnean air eachdraidh fhòn-eòlaich air bunachaidhean⁷⁶ nam fòineimean a shealltainn, mar as trice an Seann Ghàidhlig, am Meadhan-Ghàidhlig, an Seann Lochlainnis, am Beurla na h-Alba no am Beurla 'bhun-tòmhasaich'. Feumar a ràdh gur

⁷³ principles of description

⁷⁴ syntax

⁷⁵ non-distinctive alternation

⁷⁶ derivations

ann fo shealladh nam fòineimean air leth a chaidh dèiligeadh ris an eachdraidh aca, ged a tha mi mothachail gum bitheadh e na bu tàbhachdaiche coimhead air pròiseasan eachdraidheil nan atharrachaidhean fòn-eòlach mar fheinimean co-iomlan a tha ag oibreachadh ann an spàs fòn-eòlach⁷⁷ (*cf.* Lass 1984 : 129-31); ma tha buannachd idir san dòigh-obrach a chaidh a chleachdadh an seo, 's ann air sgàth fasachd ann a bhith a' dèanamh coimeis ri cunntasan eile, mar a gheibhear aig Oftedal fhèin.

Chithear gu bheil àite mòr air a thoirt do bhunachaidhean am Beurla agus am Beurla na h-Alba ann an §§ 4, 5, 6, 7, 8, a chòrr air na gheibhear mar eisimpleir sna monagrafan aig Borgstrøm agus aig Oftedal; tha seo gach cuid air sgàth cho tric 's a chluinnear faclan-iasaid Beurla gan cleachdadh ann an dualchainnt Gheàrrloch; agus gus pailteas de dh'eisimpleirean a shealltainn de dh'eachdraidh fhòineimean aig a bheil bunachadh sna cànanan seo.

⁷⁷ to examine the historical processes of phonological change as a holistic phenomenon operating in phonological space